

Òraid Chamberlain



Tha mi a' bruidhinn ribh bho rùm a' chaibineit aig 10 Sràid Downing. An-diugh sa mhadainn thug Tosgaire Bhreatainn ann am Berlin nota deireannach do Riaghaltas na Gearmailt a thuir, mura cluinneamaid bhuapa ro aon uair deug gun robh iad deiseil gus na feachdan aca a thoirt a-mach às a' Phòlainn, gum biodh suidheachadh cogaidh eadarainn. Feumaidh mi innse dhuibh nach d' fhuair sinn a leithid de ghealladh, agus le sin, gu bheil cogadh eadar an dùthaich seo agus a' Ghearmailt.

Tuigidh sibh gur e buille ghoirt a tha ann dhòmhsa gun do dh'fhàillig an t-strì fhada a rinn mi gus sìth a bhuannachadh. Ach chan urrainn dhomh creidsinn gum b' urrainn dhomh a bhith air dad a bharrachd, no dad eile, a dhèanamh a bhiodh air soirbheachadh. Suas chun na mionaid mu dheireadh b' urrainn dhuinn a bhith air rèite shìtheil, urramach a dhèanamh eadar a' Ghearmailt agus a' Phòlainn. Ach cha ghabhadh Hitler ris; a rèir choltais, bha e air inntinn a dhèanamh suas gun toireadh e ionnsaigh air a' Phòlainn ge bith dè thachradh. Agus ged a tha e a-nis ag ràdh gun do rinn e molaidhean reusanta a dhiùlt na Pòlainnich, chan eil seo fìor. Cha deach na molaidhean a shealltainn riamh do na Pòlainnich, no dhuinne. Agus ged a chaidh an craoladh sa Ghearmailt oidhche Dhiardaoin, cha do dh'fhuirich Hitler ri freagairt fhaighinn dhaibh, ach thug e an t-òrdan do na feachdan aige a dhol tarsainn crìoch na Pòlainn an-ath-mhadainn.

Tha na rinn e a' dearbhadh nach eil teansa ann gun sguir an duine seo gu bràth a bhith a' cleachdadh làmhachas-làidir gus an rud a tha e ag iarraidh fhaighinn. 'S e làmhachas-làidir an aon rud a chuireas stad air, agus tha sinn fhèin agus an Fhraing an-diugh a' coileanadh ar dleastanas le bhith a' dol a chuideachadh na Pòlainn; tha i air a bhith a' seasamh gu treun an aghaidh ionnsaigh olc, gun adhbhar, air an t-sluagh aice. Tha ar cogais glan; rinn sinn na b' urrainn dùthaich sam bith gus sìth a dhèanamh, ach cha b' urrainn dhuinn cur suas tuilleadh ri suidheachadh anns nach b' urrainn dhuinn facal a chanadh riaghladair na Gearmailt a chreidsinn, agus anns nach b' urrainn sluagh no dùthaich faireachdainn sàbhailte. Agus a-nis, agus sinn air cur romhainn crìoch a chur air, tha fios agam gun dèan sibhse na dh'fheumas sibh le stòldachd agus misneachd.